

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 19mh dhen GHIBLEAN
Ùrnaigh aig 7f

Anns na làithean seo agus sinn fhathast glaiste a-staigh, tha sinn a' cuimhneachadh gun robh na deisciobail, fiù 's air latha an aiseirigh fhèin, glaiste a-staigh leis na dorsan dùinte (Soisgeul Eòin 20: 19 - 23).

Ach nuair a bha iad glaiste a-staigh, nochd ìosa nan làthair, thàinig e a-steach agus sheas e nam measg. Nuair a bha iadsan fo eagal agus fo imcheist, thuirte e riutha: *Sìth dhuibh*. Tha sinn a' cluinntin nam facal sin, le fhios againn gu bheil e a' bruidhinn rinne cuideachd. Bidh sinn ag èisteachd riutha a-rithist, agus a' tuigsinn gu bheil ìosa fhathast ag ràdh: *Sìth dhuibh*. Èisteamaid ris na faclan sin, faclan na sìthe a labhair e ris nan uile a tha feumach air faclan slànachaidh misneachaidh: *Sìth dhuibh*.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò, labhair rinn anns an teanntachd anns a bheil sinn, labhair rinn leis am facal a tha a' toirt ciùnas an àite eagail, agus fèath an àite iomgain: *Sìth dhuibh*.

Labhair d' fhacal dhaibhsan a tha aonaranach agus brònach, dhaibhsan a tha air an luchd-gràidh a chaill, dhaibhsan a tha air a h-uile nì a chaill: *Sìth dhuibh*.

A Dhè dhìleis, labhair rinne nuair a tha ar dorsan dùinte. Tha sinn a' cuimhneachadh iadsan a tha gan cur fhèin ann an cunnart gus frithealadh a thoirt do dhaoine eile: *Sìth dhaibh*.

Sìth dhaibh uile: luchd-cùraim agus nursaichean, dotairean agus dràibhearannan nan carbadan-èiginn, dràibhearannan lìbhrigidh agus luchd-obrach nam bùth.

A Dhè an Dòchais, labhair rinn anns an latha a th' ann, agus labhair rinn mun àm a tha ri teachd.

Oir ged a tha na na dorsan dùinte, aig ceann thall bidh iad air am fosgladh a-rithist. Gum biodh sìth ann às ùr.

Tha sinn ag ùrnaigh air an son uile aig a bheil ùghdarras, airson na Banrìghinn, airson a' phrìomhaire agus airson a' phrìomh mhinisteir.

Agus tha sinn ag ùrnaigh air ar son uile: Gum biodh sìth ann às ùr.

A Dhè a' ghràidh, a thug gràdh dhuinn,

fosgail ar cridheachan, gus am bi sinn a' faighinn eòlais ort,
agus a bhith gad ghràdhachadh,
gus am bi sinn gad gràdhachadh agus a' gràdhachadh ar comharsnaich,
agus gus am bi sinn a' cluinntin nam facal a-rithist: *Sìth dhuibh*.

Nuair a tha sinn a' faicinn cho beag 's a tha an neart againn fhèin,
gum bitheamaid a' lorg neart às ùr annadsa,
agus gum bitheamaid a' cluinntinn a-rithist: *Sìth dhuibh*.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh
Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam Mìon-shluagh ri chèile ann an Alba (MECTIS)